

Sùilean cho Mòr ri Truinnsaran

Taisbeanadh le Riitta Ikonen agus Karoline Hjorth

Fàilte gu *Sùilean cho Mòr ri Truinnsaran*, aig An Lanntair. Is e taisbeanadh de dhealbhan a tha seo a chaidh a dhèanamh leis an dithis luchd-ealain Riitta Ikonen agus Karoline Hjorth.

Tha am paca gaileiridh seo air ullachadh dhuibh fèin agus dhan teaghlach agaibh airson a thoirt leibh an uair a bhios sibh a' dol mun cuairt an taisbeanaidh.

Tha beagan nithean ann a dh'fhaodadh sibh a dhèanamh nam biodh sibh air a shon. Faodaidh sibh na thogras sibh fheuchainn agus fuireach cho fad' 's a tha sibh ag iarraidh.

San taisbeanadh seo bidh sinn a' coimhead ris na dealbhan a thog Riitta agus Karoline agus a' meòrachadh mun deidhinn. Bidh sinn a' cur cheistean oirnn fhèin mu na nithean a tha sinn a' coimhead agus na tha iad a' ciallachadh dhuinn.

Bidh Riitta agus Karoline ag obair còmhla ris na daoine a tha sna dealbhan agus làraich a thaghadh, a' deilbh chruthan-ealain agus a' dèanamh pìos ealain sònraichte.

Tha iad a' toirt iomradh air na daoine sin mar 'daoine bhon là an-diugh a bhuineas do nàdar'. Uaireannan an uair a bhios iad gan cruthachadh bidh iad a' rannsachadh seann sgeulachdan agus a' lorg dhòighean ùra gus an innse.

Uaireannan bidh aon chothrom air dealbh a thogail a' leantainn airson trì uairean a thìde nad laighe ann am poll no sa mhuir le pìos feamainn suas nad shròin, agus mar sin is e daoine gu math làidir agus feòrachail a tha sna dealbhan!

Tòisich le bhith a' coiseachd timcheall a' ghaileiridh.

Dè a' chiad rud dha bheil thu a' mothachadh an uair a bhios tu a' coimhead mun cuairt?

Tha tòrr dhealbhan ann nach eil?

Dè na nithean a tha coltach ri chèile a tha thu a' faicinn anns gach dealbh?

Dè a tha thu a' faicinn anns gach dealbh a tha diofraichte?

Dè am fear as fheàrr leat? Carson?

Thoir sùil air na dealbhan a tha air a' bhòrd.

Tha na dealbhan sin a' sealltainn mar a chaidh an fheadhainn mhòra air na ballachan a thogail.

Tha iad a' coimhead spòrsail, nach eil?!

A-nis thoir sùil eile air na dealbhan a tha air a' bhalla agus tagh fear a bu chaomh leat sgrìobhadh mu dheidhinn. Faodaidh na freagairtean agad a bhith fìor no dìreach air an dèanamh an àirde.

Dè an t-ainm a tha air a' chruth-ealain san dealbh agad?

Dè a tha annta?

Dè an t-ainm a tha air an àite sa bheil iad?

Dè a tha an cruth-ealain a' dèanamh?

Dè a tha a mun cuairt dhaibh no orra?

Carson a tha iad ann an seo?

Ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn nam biodh tu a' coiseach ann an sin agus a' coinneachadh riutha?

Dè a chanadh iad riut?

Ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn?

Sgrìobh sìos no dèan dealbh den rud a thachradh às dèidh sin

Bidh luchd-ealain a' toirt cuireadh do dhiofar sheòrsa neach a bhith a' com-pàirteachadh nan obair-ealain.

Tha iad airson faicinn an urrainn do ealain atharrachadh an dòigh sam bi sinn a' smaoineachadh, a' gnìomhachadh agus a bhith beò.

Faodaidh ar sealladh air an t-saoghal atharrachadh beagan le bhith a' coimhead air nithean tro shùilean dhaoine eile.

"Feumaidh sinn ionnsachadh a bhith a' coimhead, chan ann a-mhàin le sùilean an Taobh an Iar ach le sùilean Ioslamach agus Inuit, chan ann dìreach le sùilean daonna, ach le sùilean eòin, bradain agus mathain pòlair, chan ann le sùilean a-mhàin ach le sealladh sgòthan agus muir agus creagan agus craobhan agus rionnagan." ROY SCRANTON

Nach fheuch sinn ri sùil a thoirt tro shùilean eile an-dràsta!

Tagh rudeigin bho nàdar. Rud sam bith!

Dh'fhaodadh gur e mathan no boiteag, am muir no sgòth a bhiodh ann.

Cuir seachad beagan mhionaidean a' beachdachadh air cò ris a bhiodh e coltach a bhith mar am beathach no an nì a thagh thu.

Air dà thruinnsear pàipeir dèan dealbh de na nithean a chì thu an uair a tha thu mar am beathach no an nì a thagh thu.

An dòchas gun còrd seo riut! Smaoinich cò ris a bhiodh e coltach a bhith mar am beathach no an nì a thagh thu fhad' 's a tha thu a' cur dath air na truinnsearan no a' dèanamh dealbh orra.

Faodaidh tu leigeil le daoine eile faicinn nan nithean a tha na sùilean nàdair agadsa a' faicinn agus cothrom a thoirt dhaibh tuigsinn cò ris a tha e coltach a bhith mar an nì bho nàdar a thagh thusa. Is dòcha gum bi iad airson nan truinnsearan agad a chumail faisg air an aodann gus am faic agus am fairich iad a h-uile nì a chunnaic agus a dh'fhairich thusa an uair a bha thu gan dèanamh,

Is caomh leis an dithis luchd-ealain a bhith ag obair còmhla ri daoine aig a bheil ùidh ann an nàdar agus a tha deònach spòrs a bhith aca ann a bhith a' cruthachadh an obair-ealain seo. Thagh gach neach sna dealbhan a bhith san dealbh agus dh'obraich iad còmhla ris an luchd-ealain ann a bhith a' dèanamh nan nithean a tha orra.

Carson nach fheuch thu ri èideadh-cinn nàdair a dhèanamh?

Tòisich le bhith a' dèanamh bann-cinn le pìos cairt tana agus dèan e mar bhann a thèid air do cheann.

Geàrr no reub cumaidhean bho phàipear agus cuir iad air do cheann le teip agus lean ort a' togail suas fillidhean gus a dhèanamh àrd agus le cumaidhean.

Cha leig e a leas a bhith sgiobalta no snog.

Faodaidh am pàipear a bhith air a phasgadh, air a roiligeadh no air a lùbadh gus tuilleadh chumaidhean a dhèanamh. Faodaidh am bann-cinn a bhith àrd agus cumhang no fada agus molach mar ceann eòin no muing leòmhainn.

Airson an fhillidh mu dheireadh de chumaidhean pàipeir, dèan na cumaidhean as fheàrr leat bho nàdar, mar feamainn, feur no biorain a' gluasad.

Geàrr iad a-mach agus cuir iad air do mhaise-cinn.



Tha an luchd-ealain a' faireachdainn gu bheil sinn uile co-cheangailte ri nàdar agus gu bheil seo cudromach.

Tha cuid de na nithean as fheàrr leinn a bhith a' co-cheangailte ri nàdar, mar a bhith a' leum ann an lòin, a' sgrùdadh ghlumagan, a' togail chaistealan gainmhich, a' streap chraobhan, a' tostadh *marchmallowan* air teine fosgailte.

Tha cuid de nithean a bhios sinn a' dèanamh ann an seo ann an Innse Gall gar ceangal ri nàdar ann an dòighean sònraichte mar a bhith a' faicinn a' chanaich a' gluasad sa ghaoith an uair a bhios sinn a' buain na mònach, a' faicinn bheathaichean air an ùr-bhreith air na croitean as t-Earrach, a' coimhead dhan adhar gus iolairean-mara fhaicinn, a' lorg ròin sa mhuir no a' faireachdainn a' chòinnich domhainn fo ar casan sa Ghearraidh Chruaidh.

Tha an luchd-ealain agus na daoine a tha sna dealbhan aca a' sealltainn dhuinn gu bheil e cudromach cuimhneachadh an uair a bhios sinn a' fàs suas mar a dh'fhaodas sinn tlachd fhaighinn à bhith an lùib nàdair agus a bhith a' dèanamh spòrs às an t-saoghal a tha mun cuairt oirnn.

Mòran taing airson a bhith a' sgrùdadh is a' smaoineachadh air an
taisbeanadh seo anns An Lanntair